

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Buill ùra do Bhòrd na Gàidhlig

03 An Cèitean 2012

Dh'fhoillsich am Ministear airson Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànan na h-Alba an-diugh gu bheil ceathrar bhall ùra gan ainmeachadh airson Bòrd na Gàidhlig.

'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann cànan nàiseanta. Mar bhuidheann phoblach neo-roinneil (NDPB) stèidhichte fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas aig a' Bhòrd dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd, tuigse agus cleachdadadh na Gàidhlig ga bhrosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam agus cultar na Gàidhlig.

'S iad na buill ùra June Ghreumach, Coll Dòmhnaillach, Shona NiclllFhinnein, agus Coinneach MacNeacail.

Boinidh June Ghreumach do Għlaschu bho thùs le teaghlaħ anns an Eilean Sgitheanach. Tha PhD aice ann an Eòlas Sìde agus tro na bliadhnaichean tha i air a bhith an sàs ann am pròiseactan àrainneachd às leth Riaghaltas Chanada agus Oilthigh Bern anns an Eilbheis. Bho 2009, tha i air a bhith a' fuireach ann an Leòdhlas còmhla ris an duine aice agus triùir chloinne – a tha an dràsta ann an fogħlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chuidich June buidheann phàrant agus pàiste a bhathas a' stèidheachadh ann an Steòrnabhagh. Tha i a' toirt eòlas cànan eadar-nàiseanta, dealas airson fogħlam Gàidhlig agus smuaintean chruthachail chun a' Bhùird.

Tha Coll Dòmhnaillach fileanta sa Ghàidhlig agus chaidh a thogail anns an Eilean Sgitheanach. Chaidh e tro fhogħlam Gàidhlig mus deach e gu Oilthigh Obar Dheathain airson ceum an cunntasachd. Tha e a-nis mar neach-cunntais cùmhñantaichte agus tha e na bħall air Institiud Luchd-cunntasachd na h-Alba. An dràsta tha e ag obair airson buidheann cunntasachd ann an Inbhir Nis. Tro na bliadhnaichean tha Coll air a bhith an sàs ann an gnòthaichean Gàidhlig anns a' choimhearsnachd agus bha e cuideachd a' teagasg na fidħle aig Fèisean air feadh na dùthcha. Tha e a' toirt dealas airson leasachaidhean cànan, deagh eòlas air cùisean fogħlam agus tuigse ionmhais chun a' Bhùird.

'S ann à Drochaid an Aonachain a tha Shona NiclllFhinnein agus tha i a-nis a' fuireach ann an Cinn Tàile. Dh'ionnsaich i a' Ghàidhlig mar inbheach, a' tòiseachadh an uair a bha i aig Oilthigh Dhùn Èideann. Tha gnothachas co-chomhairleachaidh aice fhèin, ag obair còmhla ri iomadh buidheann poblach, priobhaideach agus buidhnean anns

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



a' coimhairsnachd. O chionn ghoirid bha i air bòrd MG Alba agus ron sin bha i na stiùrche neo-ghniomha de Phuirt-adhair na Gàidhealtachd's nan Eilean Earranta, Grampian TV agus UHI Earranta. Tha i air a bhith an sàs ann an iomadh iomairt Gàidhlig, ag obair airson Comunn na Gàidhlig nam measg. Bheir Shona eòlas farsaing a thaobh riaghlaidh agus planaichean ro-innleachdail chun a' Bhùird a bharrachd air tuigse air leasachaidhean anns a' choimhairsnachd.

Tha Coinneach MacNeacail fileanta sa Ghàidhlig agus chaidh a thogail ann an Rànais an Eilean Leòdhais. Le ceum bho UHI (Aonad Leòdhais) ann an Cànan agus Cultar na Gàidhlig, fhuair e PGDE ann an foghlam bùn-sgoil aig Oilthigh Srath Chluaidh. Thoisich e a' teagascg an Eilean Thiriodh ann an 2009 agus seo far a bheil e fhathast. Bho aois thràth, bha Coinneach an sàs ann an fèisean ceòl ionadail, Mòdan ionadail agus am Mòd Nàiseanta Rìoghail. 'S e seinneadair ainmeil a th'ann, a' seinn air feadh Alba agus an iomadach àite eile. Bheir e dealas airson Gàidhlig, agus foghlam Gàidhlig gu sònraichte chun a' Bhùird, a bharrachd air dìoghrasachd a sgilean a chleachdad a ann an dòighean practaigeach.

Thuirt Cathraiche Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Ealasdaid Nic an t-Saoir: "Tha mi uabhasach toilichte fàilte a chur air ceathrar bhall ùra do Bhòrd na Gàidhlig. Còmhla, tha iad a' toirt sgilean agus eòlas sònraichte chun a' Bhùird, nam measg sgilean ionmhais agus leasachadh anns a' choimhairsnachd, eòlas pràctigeach ann an foghlam Gàidhlig agus ionnsachadh càinain. Tha sinn an dùil gum foillsich Riaghaltas na h-Alba am Plana Nàiseanta airson 2012-2017 a dh'aithghearr. Mar sin, bidh iad a' neartachadh a' Bhùird aig àm far a bheil sinn ag ullachadh airson amasan a' phlana a libhrigeadh agus a choileanadh."

Bidh na dreuchdan a' ruith airson trì bliadhna, bho 2 Giblean 2012 gu 1 Giblean 2015. Tha na dreuchdan gu h-àrd uile pàirt-ùine agus le tuarasdal £6,200 mu choinneamh gealltanach de thrì latha frithealaidh sa mhìos.


Chan eil dreuchd Poblach sam bith eile aig na buill ùr.

Chaidh na dreuchdan poblach seo a bhuleachadh le Ministearan a rèir Còd Cleachdaidh Coimiseanair Dhreuchdan Poblach na h-Alba.

Tha na dreuchdan uile gan cur air adhart tro airidheachd agus chan eil pàirt sam bith aig eòlas politigeach sa phròiseas taghaidh. Ach, ann an co-chòrdadh ri molaidhean tùsail Nolan, tha e riatanach gum bi gnìomhan politigeach an taobh a-staigh nan còig bliadhna mu dheireadh, a thaobh an fheadhainn a chaidh a chur an dreuchd, air am foillseachadh don phoball (ma tha gin ann). Chan eil neach sam bith den luchd-dreuchd gu h-àrd air gnìomhachd politigeach sam bith a thoirt am follais a thaobh nan còig bliadhna mu dheireadh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Members Appointed to Bòrd na Gàidhlig

03 May 2012

Minister for Learning, Science and Scotland's Languages today announced the appointment of four new Members to Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig is the national language body. It is a statutory Non Departmental Public Body established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and is responsible for safeguarding the future of Gaelic in Scotland, for promoting the use and understanding of the Gaelic language and for developing and supporting Gaelic education and culture.

The new Members are June Graham, Coll MacDonald, Shona MacLennan and Kenneth Nicolson.

June Graham is originally from Glasgow and has family connections with Skye. She has a PhD in Meteorology and has worked on climate change projects for the Canadian government as well as the University of Bern in Switzerland. Since 2009, she has been living in Lewis with her husband and three children. Her children are in Gaelic medium education and she has helped to start up a Gaelic parent and toddler group in Stornoway. June brings to the Bòrd knowledge of language situations internationally; enthusiasm for Gaelic in the field of education; and creative ideas for the future activities of the Bòrd.

Coll MacDonald is a native Gaelic speaker who was brought up on the Isle of Skye and educated through Gaelic medium before studying accountancy at Aberdeen University. Coll is a qualified Chartered Accountant and is a member of the Institute of Chartered Accountants for Scotland. He is currently employed by a firm in Inverness. He has been actively involved in the Gaelic community and has taught fiddle at Fèisean throughout Scotland. Coll brings to the Bòrd an enthusiasm for the Gaelic language and its development; a good knowledge of educational issues; and a range of financial skills and experience.

Shona MacLennan is originally from Spean Bridge and now lives in Kintail. She learnt Gaelic as an adult, beginning at university in Edinburgh. She has her own consultancy business, working with a range of private, public and community organisations. Shona has recently served on the Board of MG Alba, and was previously a non-executive director of Highlands & Islands Airports Ltd, Grampian TV and UHI Ltd. She has been involved in a range of Gaelic initiatives and developments, including working for Comunn na Gàidhlig. Shona brings extensive

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



governance and strategic planning experience to the Bòrd as well as a sound knowledge of community development.

Kenneth Nicolson is a fluent Gaelic speaker from Ranish in Lochs on the Isle of Lewis. After graduating from UHI (Lewis Campus) in Gaelic Language and Culture he went on to complete his PGDE in primary education at Strathclyde University and took up his current teaching post on the Isle of Tiree in 2009. From a young age, Kenneth has been involved in local music festivals, local Mods and the Royal National Mod. He is a renowned Gaelic singer and has performed not only throughout Scotland but more widely also. Kenneth brings to the Bòrd a passionate commitment to Gaelic and Gaelic education and a willingness to put his skills to practical use.

Bòrd na Gàidhlig Interim-Cathraiche Elizabeth McAtear said: "I am delighted to welcome the four new members who have been appointed to Bòrd na Gàidhlig. They bring to the board a range of specialised skills and expertise which include financial and community development skills, practical knowledge in Gaelic education and language learning. These will strengthen Bòrd na Gàidhlig as we prepare to deliver on the aims set out in the National Language Plan for 2012 -2017, which we anticipate will be launched soon by the Scottish Government. We look forward to working with our new board colleagues in the coming months."

These appointments will be for three years and will run from April 2, 2012 to April 1, 2015.

These appointments are part-time and attract a remuneration of £6,200 for a time commitment of three days per month.

No other Public appointments are held by any of the new members.

These Ministerial public appointments were made in accordance with the code of practice published by the Public Appointments Commissioner for Scotland

All appointments are made on merit and political activity plays no part in the selection process. However, in accordance with the original Nolan recommendations, there is a requirement for appointees' political activity within the last five years (if there is any to be declared) to be made public. The four new members have not declared any political activity.